

MISE

... AGUS MO DHREUCHDAN

TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

ÀS2:1



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

FILEANTA

MISE:S2:1

TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

1. Dreuchdan: Toiseach Tòiseachaidh

Obair 4

- Calum Hi, a Mharushka. Dè do chor an-diugh?
- Marushka Och, droch chor, tha mi cho sgìth ris a' chù!
- Calum Carson a tha thu cho sgìth, a charaid?
- Marushka Bha mi air mo chois gu anmoch ag obair ann an taigh-bìdh mo phàrantan. Bha sinn cho trang a-raoir. Bha mi nam neach-frithealaidh.
- Calum Tuigidh mi sin. A bheil e a' còrdadh riut a bhith ag obair an sin?
- Marushka Tha, a' mhòr-chuid den ùine. Tha mo mhàthair ag obair sa chidsin, 's e còcaire a th' innte agus bidh m' athair ag obair aig a' chunntair. Tha e na neach-frithealaidh agus na fhear an taighe. Bidh e a' cur fàilte air an luchd-ceannach. Uaireannan, feumaidh e a bhith gu math foighidneach leotha oir tha cuid glè mhì-mhodhail.
- Calum Cha bhithinn airson obair còmhla ri mo phàrantan. 'S e manaidsear a tha nam athair ann an oifis ann am meadhan a' bhaile. Tha an obair aige glè dhòrainneach. Bidh e an-còmhnaidh a' gearan nach eil tìde aige.
- Marushka Dè mu do mhàthair? Càit a bheil ise ag obair? Dè tha ceàrr air an obair aicese?
- Calum 'S e tidsear bun-sgoile a th' innte. Tha i ag obair le clas a h-aon is a dhà. Tha an obair aice a' còrdadh rithe ach cha chòrdadh an obair sin riumsa idir idir oir cha toigh leam clann bheag. Tha iad cho leamh!
- Marushka Haha. Bu toigh leam a bhith ag obair ann an sgoil mar thidsear. 'S e saidheans an cuspair as fheàrr leam oir tha e a' còrdadh rium a bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn mar a bhios rudan ag obair. Bhithinn airson obair ann an àrd-sgoil. Dè an obair a bu toigh leat fhèin?
- Calum Tha ùidh mhòr agam ann an ceòl. Bidh mi a' seinn na pìoba agus a' cluich giotàr. Chòrdadh e rium a bhith a' cluich ceòl gu proifeiseanta. Rinn mi a' chuairt cèilidh aig an Fhèis an-uiridh agus bha e cho

MISE:S2:1

TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

- math a bhith a' cluich air beulaibh an t-sluaigh air an àrd-ùrlar.
- Marushka Abair thusa! Cha b' urrainn dhomh sin a dhèanamh. Tha mi ro dhiùid. Feumaidh tu a bhith gu math misneachail airson sin a dhèanamh, tha mi cinnteach.
- Calum Chan eil mi cho misneachail sin. Chanainn gu bheil mi caran diùid, ach nuair a bhios mi a' dèanamh an rud as fheàrr leam còmhla ri mo charaidean, tha mi loma-làn misneachd agus beatha!
- Marushka Cuin a tha sibh a' cluich a-rithist? Bhiodh e math tighinn a choimhead oirbh a' cluich.
- Calum Tha sinn a' cluich anns an an talla-coimhearsnachd Dihaoine sa tighinn. Bidh sinn a' tòiseachadh aig leth-uair an dèidh seachd gu deich.
- Marushka Bidh mi deiseil a dh'obair aig ochd uairean. Thig mi ann às dèidh làimhe.
- Calum Sgoinneil. Cuiridh mi tiogaid air an doras dhut.
- Marushka Taing mhòr! Tha mi a' faireachdainn nas fheàrr a-nis!

MISE:S2:1

TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

11. Obair an iasgaich

Obair 1

'S e Aonghas Mac-a-Phì a th' orm agus bidh mi ag obair nam iasgair a-mach à Port a' Chàirn. Bidh mi ag obair còig latha san t-seachdain agus bidh mi a' dol a-mach tràth sa mhadainn a h-uile latha, Ged as e obair chruaidh, chunnartach a th' ann an iasgach, tha mi air a bhith ga dhèanamh on a dh'fhàg mi an sgoil. Bidh mi ag obair còmhla ri mo cho-ogha Dòmhnall Ruadh. 'S ann leis-san a tha am bàta a bhios sinn a' cleachdadh. Bu toigh leam mo bhàta fhèin a bhith agam aon latha, ach an-dràsta tha mi toilichte a bhith ag obair do Dhòmhnall.

Bidh sinne a' cur nan cliabh a-mach anns na h-uisgeachan faisg air Sròn Mharabhail, agus bidh sinn ag iasgach nan crùbagan agus muasgain-chaola aig dìofar amannan. Bidh sinn a' reic cuid dhiubh ri taigh-bìdh san eilean, ach bidh a' mhòr-chuid de na bhios sinn a' glacadh a' dol ann an làraidhean mòra gu tìr-mòr agus an uair sin dhan Spàinn is àiteachan eile.

'S e Gàidhlig a bhios againn air a' bhàta, agus bidh mi fhèin agus mo bhean, Marsaili, a' bruidhinn Gàidhlig a-staigh cuideachd còmhla ris an nighinn bhig againn. Tha sinn a' fuireach ann an taigh snog ri taobh a' chladaich air taobh an iar an eilein.

Cha bhi mi ag obair Disathairne ach nuair a tha an t-sìde air a bhith garbh dona agus feumaidh mi latha-obrach. Nuair a bhios mi saor Disathairne, bidh mi a' cluich ball-coise do sgioba Stobaigh United. Bidh sinn a' cluich an aghaidh sgiobaidhean à Stobaigh agus sgiobaidhean à eileanan eile a tha faisg air làimh, ach cha bhi mi ag obair Là na Sàbaid idir. Thèid mi fhìn agus an teaghlach dhan eaglais an uair sin.

MISE:S2:1

TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

13. Obair-ealain

'S mise Ealasaid Mhoireach agus, ged nach do thogadh mi ann an Stobaigh, 's ann às a bha mo phàrantan agus bhithinn a' tighinn an seo a h-uile samhradh nuair a bha mi òg. Chaidh mise dhan àrd-sgoil ann an Glaschu agus an uair sin gu colaiste ealain ann an Dùn Dè far an do dh'ionnsaich mi mòran sgilean a tha mi a' cur gu feum an-diugh san obair agam o latha gu latha.

'S e neach-ealain a th' annam a bhios a' ruith stiùidio bheag agus taisbeanadh anns an taigh agam faisg air Port a' Chàirn. Bidh mi ag èirigh tràth sa mhadainn agus a' peantadh agus a' tarraing dhealbhan anns an stiùidio agam. 'S e seallaidhean nàdair as fheàrr leam agus tha gu leòr ri fhaicinn ann an Stobaigh le tràighean àlainn agus beanntan gorma air fàire, agus fiadh-bheatha iongantach air a' mhachair is air a' mhòintich.

Tha an stiùidio agam fosgailte do luchd-turais on a' Chàisg gu làithean-saora an Dàmhair. Cha bhi mi fosgailte Là na Sàbaid no Diluain. Tha mi an dòchas gun reic mi dealbh no dhà gach seachdain, ach bidh mi a' reic chairtean-puist agus cuimhneachain bheaga cuideachd. Tha mi ag obair còmhla ri luchd-ealain eile san sgìre agus gheibh thu an stuth againn a cheannach ann an àiteachan eile san eilean cuideachd. Sa gheamhradh, feumaidh mi obrachadh air pròiseactan eile, agus bidh mi a' glanadh thaighean san sgìre.

Tha cafaidh beag aig Tormod, an duine agam, cuideachd, agus bidh mo dhithis nigheanan, Abby agus Màili, ag obair ann nan luchd-frithealaidh. Cha bhi iad a' reic ach ceapairean, sgonaichean agus deochan bog, ach tha e gan cumail trang gu leòr.

MISE:S2:1

TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

17. A' chiad obair aig Fergie Dòmhnallach

https://learngaelic.scot/watch/entertainment.jsp?v=thuige_seo_s3_fergie_macdonald_1

[Dòmhnall] Fergie Dòmhnallach, fear-ciùil ainmeil a' bhogsa, Mùideartach, geamair an dèidh tòiseachadh na phoidsear, òstair agus iomadach dreuchd eile. Fàilte oirbh, Fergie.

[Fergie] Fàilte, a Dhòmhnail.

[Dòmhnall] A' chiad dreuchd, an dreuchd phroifeiseanta agaibh mar gum biodh agus cuiridh seo iongnadh, tha mise an amharas, air cuid de na tha gar coimhead, 's e sin physiotherapist.

[Fergie] 'S e. Tha thu ceart.

[Dòmhnall] Ciamar a thàinig sibh gu physiotherapy?

[Fergie] Chan eil fhios a'm. Bha mi, thàinig mi dhachaigh às an arm agus bha mi, 's e PTI a bh' annam anns an arm agus 's e toss-up a bh' ann – Jordanhill airson ionnsachadh a bhith nam thidsear Foghlam Corporra no physiotherapist, obair ann an spòrs agus a h-uile sìon. Ach bha mi aon, 's e Highers a bh' aca anns an àm sin, chan eil fhios a'm dè th' aca a-nise, ach bha mi aon Higher gann agus rinn mi re-sit agus fhuair mi e, ach rinn mi m' inntinn suas ron sin physiotherapist agus dh'fhàg mi Jordanhill.

[Dòmhnall] 'S rinn sibh physio ann an colaiste ann an Glaschu.

[Fergie] Glaschu, seadh dìreach, 's e.

[Dòmhnall] Agus an uair sin ag obair mar physiotherapist. Càite?

[Fergie] Uill bha, 's e, bha mi ann am meall de na h-ospadalan. An toiseach bha mi aig Lennox Castle, Gartnavel, Stobhill. Meall dhiubh sin chan eil iad ann a-nise. Agus à sin fhuair mi sioft do dh'Inbhir Nis agus bha mi nam domiciliary physiotherapist anns a' Ghearasdan. Loch Abar a bh' agam.

[Dòmhnall] Aig Bòrd na Slàinte.

[Fergie] Aig Bòrd na Slàinte.

[Dòmhnall] So bha sibh air an starsnaich agaibh fhèin an uair sin ann an Loch Abar.

[Fergie] Ò bha, bha. 'S e, chòrd sin uabhasach rium a chionn bha, thug e dhomh cothrom a bhith an sàs ann an obair seilge 's iasgaich 's ciùil 's, agus a h-uile sìon a chòrdadh rium.

MISE:S2:1

TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

[Dòmhnall] 'S bha sibh cuideachd a' trèanadh balaich iomain, nach robh?

[Fergie] Bha. Bha.

[Dòmhnall] Ciamar a dh'obraich sin?

[Fergie] Uill 's e An Gearasdan a bh' ann agus suas ris an àm sin cha robh iad, ò 's e second division a bh' annta agus cha robh iad, cha robh iad a' faighinn air adhart uabhasach math idir agus dh'fhaighnich iad dhòmhsa an trèanadh mi iad agus ...

[Dòmhnall] Air sgàth 's gur e physio a bh' annaibh?

[Fergie] 'S ann . Agus thuir mi, "Oh that's alright" a chionn rinn mi beagan, beagan dhe sin le Partick Thistle agus juniors, Maryhill Juniors 's mar sin, agus bha knack agam, agus meall dhe na physios a bha còmhla rium anns a' cholaiste, bha Seumas MacGriogair Manchester United 's Craig a bha le Rangers, agus bha mi eòlach air na balaich sin agus chùm iad ceart mi le obair trèanaidh. Tha cuimhne agam nuair a chaidh mi, a' chiad oidhche a bha mi anns a' Ghearasdan agus thàinig na balaich a-staigh a ruith air Diardaoin, tha mi a' smaoinichadh, 's e an aon oidhche a bha iad aige agus bha iad a' ruith a-mach gu Spean Bridge agus a' ruith air ais. Bidh mu dheich mìle an sin agus thilleadh iad agus bha iad dìreach washed out agus cha robh guth air ...

[Dòmhnall] Trèanadh ceart.

[Fergie] Ò Aidh, aidh, aidh.

[Dòmhnall] Ach chuir sibhse ceart iad.

[Fergie] A' tionndadh 's a' ruith mu chuairt agus meall den obair sin.

Chaidh am prògram seo, Thuige Seo, a chraoladh an toiseach ann an 2011.

MISE:S2:1

TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

20. A' fàgail an taighe airson obair

https://learngaelic.scot/watch/documentaries.jsp?v=balaich_a_bhiobail_ep1_4

[Pòl] Seo an oifis agams'. 'S ann a-staigh an seo a tha mise air a bhith ag obair airson nan trì bliadhna a bha mi ag obair an seo agus mar a tha sibh a' faicinn tha an deasg agam, agus tha na sgeilpichean rudeigin falamh, agus mar sin tha mi an-dràsta a' tighinn na làithean-s' a' tidy-eadh rudan an àird agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile càil gu bhith ann an òrdugh mus fhalbh mi.

[Preseantair] Tha Pòl Moireach ag obair dha companaidh togail a theaghlaich ann an Steòrnabhagh. An ceann seachdain eile bidh e a' cur cùl ris an obair aige agus a' dol a Dhùn Èideann gu Seminary Diadhaireachd na h-Eaglaise Saoire airson a' mhinistrealachd a thoirt a-mach.

[Pòl] Seo m' athair. Seo an duine a bhios ag innse dhomh dè nì mi a h-uile latha. An duine a bhios ga mo chumail ceart.

[Ailig] Bidh sinn ga ionndrainn. Bidh sinn ga ionndrainn. Cha robh sinn ag innse sin dhàsan idir ach bidh sinn gad ionndrainn ceart gu leòr. Tha e an dèidh a bhith ann an seo son trì bliadhna a-nis, ach tha sinn gu math toilichte an obair a tha a' dol ris agus tha sinn gu math toilichte a leigeil air falbh airson sin.

[Preseantair] Tha Pòl pòsta aig Amanda agus nighean bheag sia mìosan aca, Màiri Bell. Le taigh ann an Steòrnabhagh, agus cosnadh aig an dithis aca, bha iad gu math cofhurtail ann an Leòdhas. Ach tha slighe ùr am beatha Phòil air crathadh a thoirt air am beathannan air fad.

[Pòl] Bha sinne gu math dòigheil a' fuireach an seo an Steòrnabhagh agus bha dùil againn latheigin 's mathaid taigh a thogail an Nis cuideachd, agus sin na plans a bh' againn, agus bha sinn dòigheil san obair a bh' againn. Amanda a' teagasg anns na Hearadh. Tha i an sin fhathast agus tha mi fhìn ag obair còmhla ri m' athair an Steòrnabhagh. Ach man a thachair an rud, saoilidh sinn nach robh cothrom againn air, agus gun robh an Cruthadair a' bruidhinn rinn agus ag iarraidh oirnn falbh. Uill, an co-dhùnadh chun an tàinig sinn gu bhith a' falbh a Dhùn Èideann agus a bhith dealaichte bho chèile son faisg air bliadhna, chan e co-dhùnadh furasta a bh' ann.

[Amanda] Bha e gu math doirbh aig an toiseach. Tha mi a' smaointinn, nuair a dh'inns e dhomh, ged a bha dùil a'm ris ann an dòigh cuideachd,

MISE:S2:1

TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

ach tha mi a' smaointinn dìreach a bhith air falbh bhon teaghlach 's ise cho beag, sin 's dòcha an rud as duilghe. Ach fàsaidh sinn cleachdte ris, tha mi a' creidsinn.

[Pòl] 'S e am prìomh adhbhar gu bheil mi fhìn ag iarraidh a bhith nam mhinistear anns an Eaglais Shaoir 's e gu bheil mi a' faireachdainn gu bheil Dia air gairm a thoirt dhomh gu bhith nam mhinistear agus gu bheil E ag iarraidh orm sin a dhèanamh. Chan eil mi idir a' smaoinichadh gu bheil e ceart dha duine e fhèin a chur dhan àite a tha sin, dhan dreuchd a tha sin gun gairm a bhith aige bho Dhia.

[Preseantair] Tha Pòl agus Amanda a' cur an taigh' aca a-mach air màl agus a' gluasad a-mach. Amanda air ais dha na Hearadh far an lean i oirre a' teagasg airson greis.

[Pòl] Tha mi air a bhith a' cosnadh agus a bhith a' faighinn tuarastal a h-uile seachdain airson nan trì bliadhna a chaidh seachad agus chan eil sin gu bhith agam. Tha mi gu bhith beò a-rithist mar student agus cha chreid mi gum bi sin furasta dha duine, ach tha sinn a' creids gun cuidich an Tighearna sinn ri sin agus tha E a' dèanamh sin mar-thà. Tha daoine gu math bàidheil rinn, a bhith a' toirt seachad airgead agus rudan airson ar cuideachadh agus mar sin tha sinn taingeil.

FILEANTA



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

www.storlann.co.uk/fileanta